

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## **BÒRD NA GÀIDHLIG A' COMHARRACHADH DÒMHNALL MEEK MAR SHÀR GHÀIDHEAL**

**22 An Cèitean 2009**

Chaidh an obair a rinneadh le fear de shàr sgoilearan agus foghlamaichean saoghal na Gàidhlig a chomharrachadh le Bòrd na Gàidhlig, a th' air urram ùr – Sàr Ghàidheal – a bhuileachadh air an Àrd-Ollamh Dòmhnall Meek a bhuineas do Thiriodh. Tha e cuideachd air urram fhaighinn bho Chomhairle nan Ealain a th' air ainm a cheangal ri duais ùr do sgrìobhadairean Gàidhlig.

Tha urram an t-Sàr Ghàidheil air a bhuileachadh an seo airson a' chiad uair, duais a tha ag aithneachadh gnìomhan ionmholta às leth na Gàidhlig agus bidh “Duais Dhòmhnail Meek” a' cumail taic ri innleachdan eile a tha am measg dhòighean air litreachas na Gàidhlig a chumail suas agus a bhrosnachadh.

Tha Dòmhnall Meek fhathast an sàs ann an dà chomataidh foghlaim aig Bòrd na Gàidhlig an dèidh a dhreuchd mar Àrd-Ollamh Gàidhlig agus Gnothaichean Albannach ann an Oilthigh Dhùn Èideann a leigeil dheth aig deireadh 2008.

Chaidh a chuid sgoilearachd is eile a chomharrachadh roimhe seo le Oilthigh Obair Dheathain a dh'fhoillsich iris shònraichte de Scottish Gaelic Studies (Caindel Alban : fèill-sgrìobhainn do Dhòmhnall E Meek) anns an robh 600 duilleag de sgrìobhaidhean is eile bho eòlaichean agus co-oibrichean a bh' air a bhith an sàs ann an cùisean còmhla ris thar nam bliadhnaichean.

Chruinnich grunn de charaidean is eòlaichean Dhòmhnail gu cuirm an Glaschu a-raoir (Diardaoin 21 Cèitean) air aoigheachd Bhòrd na Gàidhlig gu Ionad na Piobaireachd a chomharrachadh cuid de na gnothaichean eile anns an robh e an sàs. Chaidh duais an t-Sàr Ghàidheil a thoirt seachad le Anna NicSuain, Iar-Neach-Cathrach a' Bhùird. Chaidh port ùr – Professor Donald Meek of Tìree - a chaidh a sgrìobhadh leis an neach chiùil ainmeil à Tìriodh Aonghas MacPhàil cuideachd a thoirt dha.

Thuir Rosemary Nic a' Bhàird, Ceannard an Gníomh Bhòrd na Gàidhlig: “Tha Dòmhnall Meek air a bhith na dheagh charaid agus na ghaisgeach do shaoghal na Gàidhlig agus tha e air a bhith na bhall cudromach de dh'iomadach iomairt is gluasad thar nam bliadhnaichean, agus fhathast an sàs ann an iomadh cùis a tha a' fuasgladh romhainn. Bha an obair a rinn e

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



air Buidheann Comhairleachaidh an Riaghaltais (MAGOG) ann an 2001-2 fìor chudromach agus 's e sin a thug dhuinn ri ùine Bòrd na Gàidhlig ann an 2003. Tha Dòmhnall air a bhith a' cur gu mòr ri leasachadh na Gàidhlig fad bhliadhnaichean agus gu sònraichte ann an raon an fhoghlaim. Tha a chliù air aithneachadh fad is farsainn agus bidh buaidh aig a chuid gnìomha fad bhliadhnaichean air thoiseach. Tha sinn air leth toilichte gu bheil e deònach a cheangalan a chumail le Bòrd na Gàidhlig agus gum bi buaidh aige fhathast air na tha sinn a' dèanamh agus tro ghliocas agus a chuid comhairle is fialaidheachd gun tèid againn air ar rùintean airson seasmhachd na Gàidhlig a dhaingneachadh. Tha sinn a' guidhe gach soirbheachadh is sonas do Dhòmhnall agus Rachel nan saoghal ùr anns an Eaglais Bhreac agus an Tiriodh agus a-mach bho sin, agus an dòchas gum bi a chuid gnìomha a' togail bhàtaichean a-nis agus na eachdraiche air saoghal na mara a cheart cho luachmhor agus toileach dha fhèin 's a bha saoghal na sgoilearachd."

Tha Comhairle nan Ealain agus Bòrd na Gàidhlig a-nis air tighinn còmhla a chur air adhart duais ùr do sgrìobhaichean - Duais Dhòmhnail Meek (the Donald Meek Literary Award) a bhios ag amas air sgrìobhaidhean sgoilearan òga. Thèid an duais a fhrithealadh le Comhairle nan Leabhraichean, agus thèid barrachd fiosrachaidh a sgaoileadh mun seo ann an ùine nach bi fada. Thuirt an t-Ollamh Gavin Wallace, Ceannard Litreachais aig SAC: "'S e duais air leth cudromach a tha seo a tha a' comharrachadh an dlùth-cheangal a bha eadar Dòmhnall agus Comhairle nan Leabhraichean, agus bidh e na chuideachadh mòr ann a bhith a' cumail taic ri sgrìobhadh Gàidhlig anns na bliadhnaichean romhainn. Dh'fhaodadh e sgilean aithneachadh ann an sgrìobhadairean ùra, a bhith a' comharrachadh gnìomhan a rinneadh le sgrìobhaiche a th' air a bhith ag obair airson greis, no neach-measaidh, no gu dearbh na dhuais do sgoilear a tha ùr-nochdadh no mar chomharradh air gnìomhan sgoilearachd a tha aire air sin."

**Airson barrachd fiosrachaidh mun naidheachd seo, cuiribh fios gu Ùisdean MacIllInnein air 0751 528 7040.**

**Faic cuideachd: [www.mygaelic.com](http://www.mygaelic.com)**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## **BÒRD NA GÀIDHLIG AND SCOTTISH ARTS COUNCIL HONOUR DONALD MEEK AND LAUNCH LITERARY AWARD**

**22 May 2009**

The work of one of Gaeldom's greatest scholars and educationalists Professor Donald Meek has been recognised by Bòrd na Gàidhlig, the principal public agency responsible for developing Gaelic, and the Scottish Arts Council. Professor Meek is the first recipient of Bòrd na Gàidhlig's "Sàr Ghàidheal" award for outstanding contributions to the language and "Duais Dhòmhnail Meek" (The Donald Meek Literary Award) will be a significant addition to the support structures being offered to Gaelic writers.

Professor Meek, who continues to contribute to Gaelic development through work on two of Bòrd na Gàidhlig's education committees, formally retired from his post as Professor of Scottish and Gaelic Studies at Edinburgh University at the end of 2008.

His distinguished contribution to Gaelic scholarship was recently marked by Aberdeen University which published a 600 page special issue of the journal Scottish Gaelic Studies containing articles by friends and scholars (Caindel Alban : fèill-sgrìobhainn do Dhòmhnail E Meek) as a tribute to his wider academic achievements.

Bòrd na Gàidhlig invited a number of Professor Meek's friends and colleagues to jointly mark his outstanding contribution to Gaelic at a dinner in the Piping Centre in Glasgow last night (Thursday, May 21). He was presented with his Sàr Ghàidheal award by Annie MacSween, Vice-Chair of the Bòrd. He was also presented with a specially composed musical score "Professor Donald Meek of Tìree" penned by Tìree musician Angus MacPhail.

Rosemary Ward, Acting Chief Executive of Bòrd na Gàidhlig said: "Donald Meek has been a great friend and champion of all things Gaelic and has played a crucial role in many of the Gaelic developments which have come to fruition in recent years and others which are still unfolding. His work on the Ministerial Advisory Group for Gaelic (MAGOG) for the Scottish Executive in 2001-2 eventually led to the establishment of Bòrd na Gàidhlig in 2003. Donald has contributed to a wide range of Gaelic development and particularly in the fields of education over many years. His reputation goes before him and his heroic efforts will undoubtedly leave their mark on Gaelic for generations to come. I am delighted that he has continued to maintain his connections with Bòrd na Gàidhlig and that we will be able to benefit from his wisdom and generosity as we strive to achieve a sustainable future for Gaelic. We wish Donald and his wife Rachel a very happy retirement in Falkirk, Tìree and

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



beyond and hope that his long-cherished skills as a boat-builder and maritime historian will lead to significant other opportunities which will be just as fulfilling.”

The Scottish Arts Council has jointly with Bòrd na Gàidhlig established a new writers award (Duais Dhòmhnail Meek, the Donald Meek Literary Award) which will be aimed at young writers and scholars. It will be offered under the auspices of Comhairle nan Leabhraichean, the Gaelic Books Council, and further details will be made available shortly. Dr Gavin Wallace, Head of Literature at the Scottish Arts Council said: “This is a significant award to mark Donald’s association with the Books Council which will help support the future success Gaelic writing. It could recognise an outstanding new literary talent, the contribution made by an already established writer or critic, or for significant work of scholarship by an emergent or established academic specialist.”

**For further information about the contents of this news release, please contact Hugh Dan MacLennan on 0751 528 7040.**

**See also: [www.mygaelic.com](http://www.mygaelic.com)**